



## **Fèisean nan Gàidheal Làimhseachadh Cunnairt is Poileasaidhean**

**Ceann-latha: 29 Dàmhair 2013**

**Poileasaidh: Poileasaidh gus Draghan Fhoillseachadh**

**Tha am Poileasaidh seo mar phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal**

**Poileasaidhean Co-cheangailte: (prìomh)** – Siùil Ionmhasail; Poileasaidh Dìon Chloinne; Leabhran an Luchd-obrach

**Adhbhar a' Phoileasaidh:** gus dèanamh cinnteach à sàbhailteachd, laghalachd, cunntachalachd, follaiseachd agus deagh mhodhan-obrach. Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri Fèisean le ballrachd ann am FnG.

**Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh:** gus droch ghiùlan, giùlan neo-iomchaidh agus nithean neo-riaghailteach no mì-laghail a thoirt gu aire nam manaidsearan no ùghdarrasan eile gu tràth.

**Chaidh am Poileasaidh a dhealbh le:** Iona NicDhòmhnaill, An t-Oifigear Trèanaidh is Poileasaidh

**Air a chur air beulaibh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 13 Dùbhlachd 2013**

**Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha):**

**Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo ro (ceann-latha): Gearran 2015**

**Ainm-sgrìobhte:**

**(Cathraiche)**

**(Ceann-latha)**

## **Fèisean nan Gàidheal (a' gabhail a-steach Fèisean le ballrachd ann am FnG) Poileasaidh gus Draghan Fhoillseachadh**

### **Ro-ràdh**

Gu tric, 's iad an luchd-obrach an toiseach a bheir an aire gu bheil rudeigin fada ceàrr taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal. Ge-tà, 's dòcha nach can iad dad mu na draghan aca a chionn 's gu bheil iad a' faireachdainn ma chanas iad dad gum biodh sin neo-dhìleas do na co-obraichean no don bhuidhinn aca. Dh'fhaodadh gu bheil an t-eagal orra gun tèid an sàrachadh no an geur-leanmhainn ma chanas iad dad. Ann an suidheachadh mar sin, dh'fhaodadh gum biodh e na b' fhasa dhaibh an gnothach a leigeil seachad an àite a bhith ag innse mu dhroch ghiùlan far a bheil iad dìreach an amharas gu bheil e a' tachairt.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur romhpa na h-inbhean as àirde a chur an sàs a thaobh fosgarrachd, deagh bheus agus cunntachalachd. A rèir an amais sin, tha sinn an dùil gun tig luchd-obrach, luchd saor-thoileach agus daoine eile ris am bi sinn a' dèiligeadh aig a bheil draghan cudromach thugainn gus innse mu na draghan sin. Thathar a' gabhail ris gum feumar a' mhòr-chuid de chùisean a làimhseachadh gu dìomhair.

Tha am poileasaidh seo ga dhèanamh soilleir gum faod sibh sin a dhèanamh gun eagal a bhith oirbh gun tèid ur geur-leanmhainn, no gum fuiling sibh leth-bhreith no anacothrom ri a linn. Tha am poileasaidh seo gus draghan fhoillseachadh ag iarraidh luchd-obrach a bhrosnachadh agus cothrom a thoirt dhaibh gus draghan cudromach a thogail taobh a-staigh na buidhne-carthannais seo an àite a bhith leigeil seachad an duilgheadais, no a bhith foillseachadh nan draghan aca taobh a-muigh na buidhne-carthannais.

Tha am poileasaidh seo mar phàirt de na poileasaidhean eile aig Fèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-steach Leabhran an Luchd-obrach. Tha e an urra ri luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd saor-thoileach agus daoine a chleachdas ar seirbheisean air a' phoileasaidh seo.

### **Ga chur an sàs**

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri luchd-obrach, luchd saor-thoileach agus luchd-cleachdaidh Fèisean nan Gàidheal.

### **Amasan is Farsaingeachd**

Chaidh am poileasaidh seo a dhealbh gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal draghan a thogail taobh a-staigh na buidhne agus aig àrd ìre agus gun urrainn do neach fiosrachadh fhoillseachadh a tha na bheachd-san/beachd-se a' dearbhadh gun robh droch ghiùlan no nithean neo-iomachidh a' tachairt. Tha am poileasaidh seo ag amas air draghan a bheireadh buaidh air leas a' phobaill agus a ghabhadh, an toiseach co-dhiù, rannsachadh mar ghnòthach fa leth, ach a dh'fhaodadh a bhith ciallachadh gum feumar rianan-obrach eile a chur an sàs aig a' cheann thall, leithid modhan-smachdachaidh.

Am measg nan draghan seo tha:

- a) Droch ghiùlan ionmhasail, neo-ionracas no foill.
- b) Gun a bhith cumail ri uallaichean no reachdan laghail.

- c) Cunnartan a thaobh Slàinte is Sàbhailteachd no an àrainneachd.
- d) Giùlan a tha bristeadh an lagha.
- e) Giùlan neo-iomchaidh no mì-bheusail.
- f) Oidhirpean gus gin dhiubh seo a chleith.

Tha modhan ann mu thràth leis am faod sibh cùis-ghearain a thogail mu ghnòthaichean co-cheangailte ri obair.

Tha am poileasaidh seo ag amas air:

- ur misneachadh gu bhith togail dhraghan cudromach agus gu bhith togail cheistean mu mhodhan-obrach agus gu bhith ag innse mu dhraghan a th' agaibh mun deidhinn
- dòighean a thoirt dhuibh gus innse mu na draghan sin agus gus fiosrachadh a thoirt dhuibh air na chaidh a dhèanamh gus dèiligeadh riutha
- dèanamh cinnteach gum faigh sibh freagairt a thaobh ur draghan agus gu bheil fhios agaibh dè nì sibh mura h-eil sibh riarachtaichte leis na chaidh a dhèanamh gus dèiligeadh riutha
- dearbhadh dhuibh gum bi sibh air ur dìon bho dhìoladh no geur-leanmhainn a dh'fhaodadh a bhith ann, ma tha sibh an ìre mhath cinnteach gu bheil sibh air nithean fhoillseachadh le deagh rùn.

### **Modhan-dìona**

Chaidh am poileasaidh seo a dhealbh gus dìon a dhèanamh air luchd-obrach no luchd saor-thoileach aig Fèisean nan Gàidheal nuair a dh'fhoillsicheas iad draghan fhad 's a nì iad sin:

- le deagh rùn
- agus iad an ìre mhath cinnteach gu bheil na tha iad a' foillseachadh a' sealltainn droch ghiùlan no neo-ionracas agus fhad 's a dh'fhoillsicheas iad am fiosrachadh do neach iomchaidh (faicibh gu h-ìosal). Tha e cudromach cuimhneachadh nach bi neach, a roghnaicheas gun am modh seo a chleachdadh, fo dhìon bho mhodhan-smachdachaidh taobh a-staigh na buidhne.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cur romhpa deagh mhodhan-obrach is inbhean àrda a chur an sàs agus tha iad ag iarraidh taic a chumail ri luchd-obrach.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' tuigsinn gum faodadh e bhith doirbh cur romhaibh innse mu dhraghan. Ma tha an nì air an dèanar aithris fìor, cha bu chòir an t-eagal a bhith air luchd-obrach idir, thoradh bidh iad a' coileanadh nan dleastanasan aca don fhastaiche aca, agus do na daoine a gheibh seirbheis bhuan.

Chan fhuiling Fèisean nan Gàidheal sàrachadh no geur-leanmhainn sam bith a bhith ann (a' gabhail a-steach nuair a thathar a' cur cuideam air daoine ann an dòigh neo-fhoirmeil) agus nì sinn na tha dhìth gus dìon a dhèanamh air luchd-obrach a thogas draghan le deagh rùn.

Cha toir rannsachadh air casaidean, a thaobh droch ghiùlan a dh'fhaodadh a bhith ann, buaidh air modhan-smachdachaidh no modhan gus neach-obrach a chur à dreuchd a tha mu thràth gan cur an sàs airson neach-obrach, agus cha toir iad sin buaidh air an rannsachadh nas motha.

## **Dìomhaireachd**

Dèiligidh Fèisean nan Gàidheal ri foillseachaidhean ann an dòigh dhìomhair is phrìobhaideach. Dh'fhaodadh gun tèid ainm an neach a tha togail casaid a chumail dìomhair fhad 's nach cuir sin maill no bacadh air an rannsachadh. Ge-tà, dh'fhaodadh gun tig cò thug seachad am fiosrachadh am follais mar phàirt den rannsachadh, agus dh'fhaodadh gum feum an neach a dh'fhoillsich am fiosrachadh aithris a dhèanamh mar fhianais ma tha sin a dhìth.

## **Casaidean gun urra**

Tha am poileasaidh seo a' brosnachadh dhaoine gu bhith cur an ainm ri foillseachadh sam bith a nì iad. Chan eil faisg air an uiread sùim ga chur ann an casaidean gun urra, ach dh'fhaodadh gun tèid dèiligeadh riutha, ma mheasas Fèisean nan Gàidheal gu bheil sin iomchaidh.

Ann a bhith gabhail beachd, thèid ealla a ghabhail ris na leanas:

- Cho cudromach agus a tha a' chùis a chaidh a thogail
- Cho earbsach agus a tha na draghan
- Cho coltach 's a tha e gun gabh a' chasaid a dhearbhadh le daoine a ghabhas ainmeachadh

## **Casaidean Breugach**

Ma nì neach casaid le deagh rùn, nach tèid a dhearbhadh le rannsachadh, cha dèanar dad an aghaidh an neach sin. Bu chòir do neach a tha foillseachadh fiosrachadh a bhith faiceallach feuch a bheil am fiosrachadh a th' aca ceart. Ge-tà, ma thogas neach casaid fhaoin, droch-rùnach no sàrachail, agus ma chumas e no i orra le sin, dh'fhaodadh gun tèid an neach sin a smachdachadh.

## **Mar a thogas sibh dragh / clàr-ama**

Bu chòir dhuibh innse mu dhraghan don mhanaidsear agaibh no don mhanaidsear acasan. Ge-tà, bidh seo an crochadh air cho cudromach agus a tha a' chùis agus cho aireachail 's a dh'fheumar a bhith agus cò a tha fo chasaid a thaobh droch ghiùlain. Mar eisimpleir, ma tha casaidean ann mu mhanaidsearan, bu chòir innse don Àrd-oifigear mun deidhinn, ('s esan no ise an t-Oifigear Sgrùdaidh). Bu chòir innse mu ghearanan mun Àrd-oifigear do Chathraiche a' Bhùird.

Faodar draghan a thogail ann an còmhradh no sgrìobhadh. Ma tha neach-obrach ag iarraidh aithris sgrìobhte a dhèanamh, bu chòir iomradh a bhith air na leanas:

- eachdraidh agus na air cùl an dragha (le cinn-latha iomchaidh);
- an t-adhbhar a tha dragh ann.

Bu chòir do luchd-obrach innse mun dragh aca cho luath 's as urrainn gus an urrainnear rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn.

Ged nach eilear a' sùileachadh gun tèid aig luchd-obrach dearbhadh gu bheil a' chasaid aca fìor gun teagamh sam bith, feumaidh iad dearbhadh don neach gu na chuir iad fios gu bheil adhbharan reusanta aca a bhith draghail mu dheidhinn.

Tha a' chòir aig an neach-ghearain gun a bhith dol gu na manaidsearan os an cionn agus a dhol gu dìreach chun an Àrd-oifigear no an Cathraiche. Tha a' chòir aig a' Chathraiche an gearan a stiùireadh air ais gu na manaidsearan ma tha i/e den bheachd gun urrainn do na manaidsearan, gun strì eadar com-pàirtean, a' chùis a rannsachadh.

## **Na nithean a nì Fèisean nan Gàidheal / Modhan rannsachaidh**

Bu chòir don oifigear-rannsachaidh na ceuman seo a ghabhail:

- Bu chòir làn-fhiosrachadh agus soillearachadh fhaotainn mun ghearan.
- Gus dìon a chur air daoine fa leth agus na daoine a tha fo chasaid gun do rinn iad rudeigin ceàrr no gun robh iad 's dòcha ri droch ghiùlan, nithear tùs-sgrùdadh feuch a bheil feum air rannsachadh ceart, agus ma tha, dè seòrsa rannsachaidh a tha dhìth.
- Taobh a-staigh 10 latha, cuirear fios chun an neach-ghearain ag innse dhaibh gun d' fhuaras an gearan; innsibh dhaibh mu mar a thathar an dùil dèiligeadh ris a' chùis agus innsibh dhaibh a bheil gus nach eil tuilleadh rannsachaidh gu bhith ann, agus mura h-eil, carson.
- Innsibh don neach-obrach mun do rinneadh an gearan cho luath 's as urrainn agus nuair a tha e freagarrach sin a dhèanamh. Gheibh an neach-obrach fios mu mar a tha a' chòir aca iarraidh air riochdaire bho aonadh ciùird no riochdaire eile tighinn còmhla riutha gu agallamh no èisteachd sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann fo na rianan seo.
- Ma tha fianais ann gun deach eucoir a dhèanamh, bu chòir don oifigear-rannsachaidh innse don phoileas. Nì Fèisean nan Gàidheal cinnteach nach cuir rannsachadh taobh a-staigh na buidhne maill sam bith air rannsachaidhean a' phoileis.
- Beachdaichibh aig an ìre seo, a bheil feum air luchd-sgrùdaidh no am Poileas, agus iarraidh comhairle bhon Àrd-oifigear agus an Cathraiche.
- Bu chòir don oifigear-rannsachaidh làn-rannsachadh a dhèanamh air na casaidean le taic, nuair a tha sin iomchaidh, bho dhaoine/buidhnean eile.
- Bheir an t-oifigear-rannsachaidh breith air cho brìoghmhor agus a tha an gearan. Bidh iomradh air a' bhreith sin ann an aithisg sgrìobhte le toraidhean an rannsachaidh agus na h-adhbharan air cùl a' cho-dhùnaidh. Thèid an aithisg a chur chun an Àrd-oifigear no an Cathraiche mar as iomchaidh.
- Nì an t-Àrd-oifigear no an Cathraiche co-dhùnadh a thaobh na dh'fheumas tachairt. Ma thèid a dhearbhadh gun robh an gearan dligheach, cuiridh iad na modhan-smachdachaidh aig Fèisean nan Gàidheal no rianan eile am feum.
- Bu chòir fios a chumail ris an neach-ghearain mun adhartas a thathar a' dèanamh leis an rannsachadh, agus ma tha e iomchaidh, mun bhuil.
- Ma tha e iomchaidh, thèid lethbhreac de na toraidhean a chur gu luchd-sgrùdaidh Fèisean nan Gàidheal feuch an urrainn dhaibh ath-sgrùdadh a dhèanamh air ar rianan-obrach.
- Mura h-eil an neach-gearain riarachtaichte gun deach dèiligeadh gu ceart ris a' chùis leis an oifigear-rannsachaidh, tha a' chòir aca a' chùis a thogail leis an Àrd-oifigear no an Cathraiche agus thèid sin a chumail dìomhair.
- Ma sheallas an rannsachadh nach robh brìgh sna casaidean, agus ma thathar air gach rian is modh a chleachdadh, agus ma tha an neach-gearain fhathast mì-riarachtaichte le buil an rannsachaidh, tha Fèisean nan Gàidheal ag aithneachadh chòraichean laghail luchd-obrach agus daoine a chleachd a bhith nan luchd-obrach gus fiosrachadh fhoillseachadh do dhaoine ainmichte (leithid an Roinn-ghnìomha Slàinte is Sàbhailteachd, An Coimisean Sgrùdaidh, no gu buidhnean-riaghlaidh airson goireasan), no nuair a tha e iomchaidh, do bhuidhnean/daoine eile.

## **Clàr-ama**

Ri linn cho eadar-dhealaichte 's a dh'fhaodadh na seòrsaichean ghearanan a bhith, sam faodadh luchd-rannsachaidh bhon bhuidhinn agus / no am poileas a bhith an sàs, cha ghabh clàran-ama mionaideach a stèidheachadh. Bu chòir don oifigear-rannsachaidh dèanamh cinnteach gun tèid an rannsachadh a dhèanamh cho luath 's as urrainn fhad 's nach toir sin buaidh air èifeachd is farsaingeachd an rannsachaidh. Bu chòir don oifigear-rannsachaidh, cho luath 's as urrainn dhaibh gu pragtaigeach, fios sgrìobhte a chur chun an neach-ghearain a' dearbhadh gun d' fhuaras an gearan agus às dèidh sin bu chòir dhaibh innse mu bhuil an rannsachaidh agus na thathar a' moladh a dhèanamh gus dèiligeadh ris a' chùis. Mas e rannsachadh fada a th' ann, bu chòir don oifigear-rannsachaidh fios a chumail ris an neach-ghearain, ann an sgrìobhadh, mun adhartas a thathar a' dèanamh leis an rannsachadh agus mu nuair a tha dùil aca gun crìochnaich an rannsachadh.

Bu chòir gach freagairt a chur chun an neach-ghearain ann an sgrìobhadh chun na dachaigh aca.

## **Oifigear le uallach**

Tha làn-uallach air an Àrd-oifigear (a tha na Oifigear Sgrùdaidh cuideachd) airson gleidheadh is cur a' phoileasaidh seo an gnìomh. Cumaidh e no i clàr de na draghan a thogadh agus a' bhuil a bhios ann (ann an cruth nach foillsich nithean dìomhair) agus nì iad aithris do Bhòrd Fèisean nan Gàidheal nuair a tha feum air sin.